Lean an fheadhainn eile a-steach e. Bha fior eagal air Catriona a-nis agus bha greim teann aice air làmh Eilidh. Bha fàileadh na mara gu math làidir anns an uaimh ach cha duirt duine guth. An dèidh greiseag de choiseachd stad Donaidh agus thionndaidh e le mheur ri bhilean airson rabhadh a thoirt dhan fheadhainn eile a bhith sàmhach, agus chuir e dheth an toirds. An uairsin thionndaidh e air ais agus chluinneadh a' chlann na daoine a' bruidhinn. Chaidh iad air adhart gu faiceallach 's iad a' cumail cho faisg air a' bhalla 's a b' urrainn dhaibh. Cha b' fhada gus an do stad Donaidh a-rithist agus an turas seo chitheadh iad boillseadh an-dràsda 's a-rithist mar gum bitheadh eadar an dà bhàta, ged nach dèanadh iad a-mach facal.

"A bheil thu a' cluinntinn siud?" arsa Donaidh an ceann greis. "Fuaim mar diosgail."

Dh'èisd Catrìona airson mionaid mus duirt i, "Tha, agus splais an-dràsda 's a-rithist cuideachd."

Aig aon uair deug dhùisg Donaidh Catrìona agus rinn an dithis an slighe gu crìoch a' bhaile. Chunnaic iad na solais anns a' bhàgh far an robh an dà bhàta air acair.

"Fuirich thusa an seo agus nì mise mo shlighe sìos chun a' chidhe gun fhios nach eil iad an seo mu thràth," arsa Donaidh gu h-ìosal ri Catrìona.

"Thugainn," arsa Donaidh. "Na bithibh a' bruidhinn mura feum sibh. Tha sinn fada gu leòr às an dèidh agus bithibh faiceallach nach tuit sibh agus nach dèan sibh fuaim sam bith a chluinneas iad."

Dh'fhalbh a' chlann a-null am machair as dèidh nan daoine. Bha iad gu math faiceallach anns an dorchadas air eagal 's gun dèanadh iad fuaim sam bith. Bha na solais nam fianais gus an d'ràinig na daoine na creagan. Chunnaic iad na solais a' dol sios chun na mara.

falach an sin mus do ràinig a' gheòla an cidhe. Thàinig còignear air tìr an turas seo agus chuala a' chlann am fear a bha a' bruidhinn riutha am feasagar sin ag iarraidh air fear eile a dhol a dhèanamh cinnteach gu robh a' chlann anns na teantaichean. Bha crith air a' chlann-nighean leis an eagal.

Ruith Catrìona air ais chun a' bhaile agus ann a dhà no trì mhionaidean bha i air ais far an robh Donaidh agus an dithis eile còmhla rithe.

"An do dhùin sibh na teantaichean?"

Dh'fhaighnich Donaidh gu h-ìosal. "'S e na ràimh a th' aca an àit' an outboard air eagal 's gun cluinn sinn iad. Thugainn sìos a mheasg nan clach a-rithist gus an cluinn sinn na tha iad ag ràdh. Fuirichibh nar crùban mus tèid ar faicinn agus na dèanaibh fuaim sam bith."

Ràinig iad na clachan agus bha iad air an-dràsda 's a-rithist mar gum bitheadh eadar an dà bhàta, ged nach dèanadh iad a-mach facal.

"A bheil thu a' cluinntinn siud?" arsa Donaidh an ceann greis. "Fuaim mar diosgail."

Dh'èisd Catrìona airson mionaid mus duirt i, "Tha, agus splais an-dràsda 's a-rithist cuideachd."

"Dè nì sinn leotha?" arsa Jimmy.

"Feumaidh sinn faighinn cuidhteas iad," ars an Sasannach. "Ceangailidh sinn an àirde iad agus fàgaidh sinn anns a' bhothaig iad a-nochd. Chì sinn dè nì sinn leotha a-màireach."

Ann an ceann còig mionaidean, ged a bha a' chlann ga fhaireachdainn tòrr na b' fhaide na sin, thill an duine agus thuirt e, "Tha iad nan suain."

"Tha mi an dòchas nach do dhùisg thu iad," ars a' chiad fhear.

"Cha do dhùisg. Bha na teantaichean dùinte agus cha robh càil ri chluinntinn."

"Tha mi an dòchas gu robh iad nam broinn. "'S math nach do dh'fhosgail thu na teantaichean. Dh'fhaodadh sin a bhith air an dùsgadh. Ceart, seallaidh sinn dha Jimmy far a bheil an stuth air falach," ars a' chiad fhear a-rithist.

Dh'èalaidh Donaidh sìos chun a' chidhe ach cha robh sgeul air geòla an sin. Chaidh e air ais suas far an robh Catrìona.

"Cha tàinig iad air tìr fhathast. "'S dòcha gum bi iad a' feitheamh gus am bi an làn nas ìsle na seo. Fuiridh sinn a-seo gus an cluinn sinn fuaim an outboard aca," arsa Donaidh.

Shocraich an dithis iad fhèin an sin 's iad a' cumail sùil air na solais anns a' bhàgh. Bha iad a' cluinntinn dhaoine a' bruidhinn a-seo."

"Tha, " ars Eilidh anns a' bhad. "Chan eil sinne airson a bhith air ar fàgail a-mach às a-nis. Dè do bheachd fhèin, a Chatrìona?"

"Chan eil," arsa Catrìona. Cha robh i cho cinnteach mu dheidhinn a dhol air adhart 's a bha Eilidh, ach 's e sin a b' fheàrr na bhith na h-aonar anns an dorchadas.

Bha greim aig an triùir eile air a' chloinn chun a-seo. Bha Catrìona agus Eilidh a' rànail agus chaidh an ceathrar a shlaodadh a-mach às an uaimh. Chaidh an toirt a-null an tràigh chun a' chidhe, far an deach an làmhan a cheangal air an cùlaibh. An uairsin chaidh an toirt suas chun na bothaig, far an deach an casan a cheangal, agus chaidh am fàgail nan suidhe air an làr an sin.

"Bithibh modhail. Chan fhaigh sibh air teicheadh, oir bithidh cuideigin a' cumail sùil air taobh a-muigh an dorais airson a chòrr den oidhch'," ars an Sasannach 's e a' dol a-mach an doras.

solais a' tighinn às an t-seòmar a bha am broinn na creige. Dh'èalaidh iad air adhart gus an cluinneadh iad dè bha na daoine ag ràdh. Nuair a bha iad faisg air doras an t-seòmair stad Donaidh a-rithist. Sheas iad an sin ag èisdeachd agus chuala iad cuideigin ag ràdh, "Gheibh sinn e an ath oidhch' agus bheir sinn a-null gu Tìr-Mòr e. Chan eil dùil ruinn an sin gu Dìhaoine agus tha e nas sàbhailte an seo na air a' bhàta ann an acarsaid air Tìr-Mòr."

Thionndaidh a' chlann airson falbh ach 's ann a sheas Seòras air cas Eilidh agus leig i sgiamh aiste. Chuala na daoine seo agus dh'èigh fear, "Cò tha siud?"

Ruith a' chlann lem beatha ach ruith na fir às an dèidh.

"Stadaibh no loisgidh mi," dh'èigh Jimmy.

Stad a' chlann far an robh iad agus chuir iad an làmhan os cionn an cinn mar a chunnaic iad daoine a' dèanamh air an telebhisean.

"Tha iad a' lorg na h-uaimhe," arsa Seòras.

Ann an ceann dhà no trì mhionaidean chunnaic iad na solais a' dol a-steach dhan uaimh agus a' fàs cho fann, gus mu dheireadh nach robh càil ri fhaicinn ach dorchadas.

"Thèid sinn sìos às an dèidh," arsa Donaidh. "A Chatrìona agus Eilidh, mur eil sibhse ag iarraidh a dhol còmhla ruinn fuirichibh

Thàinig na fir far an robh iad agus bha solas na toirds a' goirteachadh sùilean na cloinne.

"'S e a' ghràisg ud a th' ann," ars an Sasannach. "Bu chòir dha Alf a bhith air dèanamh cinnteach gu robh iad am broinn nan teantaichean."

Chunnaic a' chlann gunna ann an làmh Jimmy.

sinn às an dèidh."

"'S math gun do smaoinich thu air na teantaichean a dhùnadh," arsa Seòras ri Donaidh. "Chan eil fhios dè a bhitheadh air tachairt dhuinn nam bitheadh iad fosgailte."

"'S math," ars Eilidh. "Tha i cho dorcha a-nochd. Cha chreid mi nach eil an t-adhar gu math sgòthach, oir bha gealach ann a-raoir."

"Tha mi ag aontachadh le sin," arsa Jimmy.

Dh'aithnich a' chlann gur e Jimmy a bh' ann, oir 's e Beurla Ghlaschu a bh' aige agus 's e Sasannaich a bh' anns an fheadhainn eile.

"Thugainn. Thigibh a-nuas às a-sin 's gun tèid sinn air ais chun a' bhàta," ars an Sasannach a-rithist.